

ACi #2

AN LÙNASTAL 2023

PÀIPEAR BEAG A' CHÙRSA INNTRIGIDH

DÉ DO NAIDHEACHD?



AN CÙRSA
INNTRIGIDH

FÀILTE OIRBH GU DÈ DO NAIDHEACHD? #2



LE SÌLEAS NICLÈOID

Stiùiriche a' Chùrsa Inntigidh, Sabhal Mòr Ostaig

Tha mi uabhasach toilichte gur e seo an dàrna iris de *Phàipear Beag a' Chùrsa Inntigidh* mar-thà – 's dòcha gum bi cuimhne agaibh gun tàinig a' chiad iris a-mach mu 6 mìosan air ais, agus chuala mi gun robh daoine gu leòr air an dòigh ga leughadh.

Tha mi an dòchas gum bi sibh air ur dòigh glan leis an dàrna iris cuideachd. Bha oileanaich Earrainn 3 gu math trang a-rithist – aig an taigh no aig a' cholaiste fhèin, aig an Sgoil Shamhraidh a bh' againn dha oileanaich ACI – agus tha sgeulachdan inntinneach agus pìosan bàrdachd àlainn againn dhuibh an seo a-rithist!

Taing mhòr dha na h-oileanaich uile a sgrìobh artaigil no dàn, rinn sibh glè mhath!



SGOIL SHAMHRAIDH 2023

Agus mar thoiseach tòiseachaidh, seo artaigil beag mun Sgoil Shamhraidh 2023:

Airson a' chiad uair, bha seachdain shlàn againn dha oileanaich a' Chùrsa Inntigidh aig a' cholaiste fhèin, aig toiseach an t-samhraidh seo.

Ann an dà chnap de 2.5 latha, bha cothrom aig ar n-oileanaich (aig ìre sam bith den chùrsa) tighinn còmhla is ionnsachadh còmhla, aig Sabhal Mòr Ostaig an àite a bhith air-loidhne, agus a bhith a' coinneachadh ri oileanaich eile agus ri an tidsearan. Agus abair gun robh seachdain thrang, spòrsail againn an sin!

Thàinig mu 50 oileanach uile-gu-lèir, agus bha 3 clasaichean anns gach pàirt den t-seachdain le oileanaich a bha dìreach air a bhith deiseil le Earrann 1, Earrann 2 no Earrann 3 aig toiseach an t-samhraidh.

Bha iad uile ag obair gu leòr fad an latha a h-uile latha, ann an clasaichean a-staigh no a-muigh anns a' ghrèin (tha sin ceart, bha side glè mhath againn an-dràsta is a-rithist!) agus an sgioba teagaisg a bh' againn fad na seachdaine – **Didi Fhriseal, Fhriseal MacRaibeirt** agus mì fhìn – gan cumail trang!

Tha mi an dùil gun do dh'ionnsaich a h-uile duine gu leòr, ach bha spòrs againn cuideachd – eadar geamannan còmhraidh, 'Cò do Bhràmar' beò, a bhith a' sgrìobhadh sgeulachdan no bàrdachd agus dealbhan-cluiche. Bidh cuimhne aig a h-uile duine a rinn Earrann 2 uaireigin air a' Champa Spòrs anns a' Mhonadh Ruadh agus na daoine modhail agus mì-mhodhail a bha a' fuireach an sin ann an Aonad 8... Uill, sgrìobh oileanaich à E2 dealbhan-cluiche gu math cruthachail, inntinneach agus beagan eagalach air rudan dorcha, cunnartach a bha a' dol air adhart anns a' champa cuideachd. Ge-tà, cha robh càil cho eagalach ri Sìne a' cluiche còcaire seòlta, cunnartach, a bha ag iarraidh dìoghaltas a dhèanamh air Niall bochd, tha mise a' smaoinneachadh...

An dèidh nan clasaichean, fhuair a h-uile duine cothroman eile air an oidhche, ann an dòigh nas socaire, aig seiseanan seinn le **Christine Primrose** agus *Abair Thusa!* le **Sineag NicDhonnchaidh & Didi Fhriseal** agus seiseanan ciùil is cabadaich anns an Talla Mhòr.

Abair seachdain! Taing mhòr dhan h-uile duine agaibh a ghabh pàirt ann – ann an ionnsachadh, teagasg no cuideachadh sam bith eile!



THA A' GHÀIDHLIG BEÒ. THA AGUS MISE.

Bha mi ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh airson mòran bhliadhnan. Thuir a h-uile duine rium gur i an cànan a bh' aig mo shinnsearan, na croitearan a bha a' fuireach ann an Dùthaich MhicAoidh agus Arcaibh; an teaghlach agam a' dol air ais dha na Fuadaichean agus nas tràithe na sin.


Ach cha do dh'ionnsaich mi i. Bha mi ro thrang. 'S e àite trang a th' ann an Lunnainn.

Tha a h-uile càil eadar-dhealaichte a-nis. Thuir na dotairean rium gun do ghabh mi aillse. A' chiad turas, bha e dona, agus bha e a' tachairt nuair a thòisich am *pandemic*. Mhair mise beò, co-dhiù, agus dh'fhàs rudan nas fheàrr a-rithist, nas àbhaistiche dhuinn uile.

Bha an dàrna turas nas miosa. An-uiridh, thuir an dotair rium nach robh agam ach mu bhliadhna. Dè bha mi ag iarraidh? Bha mi ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh. Cànan a tha beò. Bha mi airson a bhith eòlach air cànan mo shinnsearan, cànan a bhios gam thoirt dhachaigh.

Agus a-nis? Cha robh mi cinnteach am bi mise a' cur crìoch air a' Chùrsa Inntigidh. Ach tha mi an dòchas gum bi an leigheas a' dèanamh feum. 'S e *immunotherapy* a th' ann, agus 's e an leigheas as fheàrr an-dràsta. Tha mi cinnteach gum bi mi a' cur crìoch air a' Chùrsa Adhartais, cuideachd. Tha mi beò. Tha agus a' Ghàidhlig.

www.ansonmackay.com/blog



An leigheas Pembrolizumab ann an 3D





SEÒLADH

Tha sinne (mi fhìn, an duine agam, agus mo chù iongantach, Maddy) air a bhith a' seòladh ann an Alba airson beagan bhliadhnaichean. As t-samhradh seo bidh sinn a' seòladh gu Eileanan Sèimhe Mac MhicAilein / Na h-Eileanan Beaga (Canaigh, Eige, Eilean nam Muc, agus Rùm), gu Barraigh, Éirisgeigh agus Uibhist a Deas.

Tha e a' còrdadh rium a bhith ag ionnsachadh nan ainmean-àite Gàidhlig faisg air a' mhuir agus a bhith ag ionnsachadh mu eachdraidh gach àite. 'S toil leam a bhith ag ionnsachadh mu na faclan agus abairtean agus seanfhaclan ann an Gàidhlig a tha ceangailte ris a' mhuir agus ri seòladh cuideachd. (Agus, gu dearbh, na h-ainmean airson eun-mara agus chreutairean mara!)

'S e aon de na rudan as inntinniche dhòmhsa a bhith ag ionnsachadh gur e 'address' a th' anns an fhacal Ghàidhlig seòladh cuideachd: Dè an seòladh a th' agad? No, anns a' Bheurla, 's dòcha: 'Where did you sail from?'

Bha bàtaichean, seòladh agus a' mhuir cho cudromach airson nan Gàidheal: ceannach, giùlan, conaltradh agus iasgach. A-nis tha rathaidean gu leòr air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan agus chan eil seòladh cho cudromach tuilleadh. Ach tha mi uabhasach moiteil a bhith fhathast a' seòladh anns na h-uisgeachan seo dìreach mar a rinn daoine airson ceudan de bhliadhnaichean.



RÌOGHACHD NA BEILGE

'S ann à Astràilia a tha mi, ach tha mi a' fuireach anns a' Bheilg a-nis, còmhla ri mo bhean agus ar clann. Tha Astràilia glè mhòr, ach 's e dùthaich bheag a th' anns a' Bheilg. 'S e ball den Aonadh Eòrpach a th' innte, agus 's i a' Bhrùiseal a prìomh-bhaile. 'S i a' Bhrùiseal prìomh-bhaile an Aonaidh Eòrpaich cuideachd, oir tha Pàrlamaid na h-Eòrpa ann.

Tha a' Bheilg eadar an Fhraing, Na Tìrean Ìsle, a' Ghearmailt is Lugsamburg agus tha trì cànanan oifigeil ann. 'S e Flannras an t-ainm a th' air an roinn anns a' Cheann a Tuath, far am bi na daoine a' bruidhinn Duitsis (no Fleamais). Ann an Ceann a Deas na dùthcha, 's e Wallonie an t-ainm a th' air an roinn agus tha na daoine a' bruidhinn Fraingis. Air an taobh an ear, faisg air a' Ghearmailt, bidh na daoine a' bruidhinn Gearmailtis, ge-tà. Agus anns a' Bhrùiseal, ann am meadhan na dùthcha? Uill, 's e roinn dà-chànanach a th' innte!

Tha rìgh anns a' Bheilg, 's e Rìgh Philippe a th' ann. Chan e rìgh na Beilge a th' ann, ach 's e rìgh nam Beilgeach a th' ann. Tha e glè shnog, agus tha teaghlach aige. 'S e a' Bhanrìgh Mathilde a th' air a bhean, agus tha ceathrar chloinne aca: Elisabeth, Gabriel, Emmanuel is Eléonore.

Tha biadh Beilgeach ainmeil cuideachd. Bidh iad a' dèanamh leann, teòclaid, sliseagan agus waffles uabhasach math anns a' Bheilg. Tha bailtean ainmeil anns a' Bheilg cuideachd, bailtean brèagha coltach ri Antwerp, Bruges, Gent, Leuven, Namur is Liège. Chan eil mise a' fuireach ann am baile Beilgeach ainmeil, tha mi a' fuireach ann am baile beag far nach eil ach aon bhùth – ach 's e bùth theòclaid sgoinneil a th' innte!

A bheil sibh a' dol a dh'fhalbh air làithean saora am-bliadhna? Thigibh dhan Bheilg!





GÀRRADH GLASRAICH GÀIDHLIG

Thòisich mi air gàrradh glasraich a dhèanamh mìos no dhà air ais. Is toil leam a bhith a' coimhead air a' phrògram 'Gàrradh Phàndruig'. Mar sin, bha mi ag iarraidh a bhith a' fàs gàrradh àlainn cuideachd!

Cheannaich mi siol, agus dh'fhàs iad gu luath — chunnaic mi duilleagan beaga an dèidh trì làithean. Cheannaich mi curranan, coirce-milis, brocail, leatas agus uinnean-earraich (tha mi a' smaoinichadh gur e sin am facal Gàidhlig airson 'spring onion'). Nas fhaide air adhart san t-seachdain, cheannaich mi buntàta agus uinneanan — chuir mi iad ann am pocannan mòra, agus chuir mi na glasraich eile dhan fheannaig a thog mi fhìn agus m' athair. Tha mi a' fàs lus na tùise, basail, pònairean, tomàto, mearag-bheag agus flùraichean-fiadhain a-nis cuideachd. Tha seòmar-glainne agam far a bheil lus na tùise a' fas an-dràsta fhèin — is toil leis àite blàth!

Tha mi ag iarraidh gàrradh brèagha, far am bi dealanan-dè, seilleanan agus ialtagan a' tadhal. Mar sin, bha mi cho toilichte nuair a chunnaic mi 'Red Admiral' anns a' ghàrradh an t-seachdain seo chaidh. Bha nead 'Dunnock' agam anns a' ghàrradh cuideachd, agus bidh mi a' faicinn ialtagan gach feasgar — tha e miorbhaileach!

Sgrìobh mi na soidhnichean beaga anns a' Ghàidhlig agus rinn mi soidhne anns a' Ghàidhlig airson fàilte a chur air daoine. Uaireannan, bidh Ramsaidh (sin a' phiseag agam) gam chuideachadh anns a' ghàrradh. Uill, bidh e a' cluich anns an ùir, ach tha e snog nuair a bhios e còmhla rium co-dhiù!

Tha mi air mo dhòigh nuair a bhios mi anns a' ghàrradh agam. Bidh mi a' faireachdainn aig fois cuideachd, agus is fìor thoil leam a bhith a' ceannach siol, lusan, agus rudan eile airson a' ghàrraidh agam. As t-fhoghar, bu toil leam a bhith a' fàs sùbhan-craoibh, sùbhan-làir, creamh-gàrraidh agus 's dòcha craobh-ubhail, agus bu toil leam a bhith a' dèanamh silidh no *chutney* le glasraich agus measan às a' ghàrradh agam.

Rinn mi rud no dhà ceàrr anns a' ghàrradh, agus tha mi cinnteach gum bi mi a' dol ceàrr a-rithist, an-dràsta is a-rithist, ach tha mi ag ionnsachadh gu leòr, agus bidh a h-uile cothrom agam a-rithist an-ath-bhliadhna. 'S e 'Work in Progress' a th' ann, ach, mar sin, bidh obair gu leòr agam anns a' ghàrradh fad na bliadhna, agus tha sin glè mhath!

Am bu toil leatsa a bhith a' tòiseachadh gàrradh glasraich? Tha mi an dòchas gum bu toil!





SIN FAR AM BI MISE

LE JENNIFER MOFFAT

Tràigh Mhon Rois. Abair àite!

'S toil leam a bhith a' coiseachd ann leam fhìn. Cha bhi mi a' cluinntinn càil ach a' mhuir agus na h-eòin. Tha mi cho fortanach a bhith a' fuireach faisg air an tràigh bhrèagha seo.

Tha taigh-solais ann. 'S e Scurdie Ness an t-ainm a th' air. Bidh thu an-còmhnaidh ga fhaicinn mura h-eil i ceòthach.

Tha a h-uile latha eadar-dhealaichte air an tràigh. Saoil am bi a' mhuir ciùin no garbh an-diugh? Cò ris a bhios an t-side coltach? Am bi i grianach, sgòthach no fliuch? Tha i an-còmhnaidh gaothach ann ged-thà. An-dràsta 's a-rithist, bidh mi a' faicinn bogha-froise cuideachd.

Chan e tràigh thrang a th' innte, ach bidh thu a' faicinn daoine a' coiseachd ann le coin. Uaireannan bidh boireannaich a' snàmh anns a' mhuir. Dà sheachdain air ais chunnaic mi leumadair!

Tha mi a' smaoinichadh gur i an tràigh an t-àite as fheàrr ann am Mon Rois. Sin far am bi mise còmhla ri mo chuilean ùr, nuair a bhios i agam.

BÀRDACHD SGOIL SHAMHRAIDH A' CHÙRSA INNTRIGIDH

Nuair a bha iad againn aig SMO tron Sgoil Shamhraidh, rinn na h-oileanaich seo (E3) pròiseact beag sgrìobhaidh, agus seo an obair a bh' aca:

Chaidh iad timcheall nan oifisean ann an Ionad Iain Nobail ann am buidhnean beaga, a' ceilidh air luchd-obrach an sin (taing mhòr dha Marsaili, Sarah Jane, Murchadh agus Domhnall Uilleam!), agus a bharrachd air còmhraidh beag snog, fhuair iad trì facail bhon h-uile neach. Bha dusan facal aca uile aig an deireadh, is dh'farr sinn orra pìos bàrdachd a sgrìobhadh leis na facail sin an uair sin...

Seo eisimpleirean de na facail, agus tha mi cinnteach nach e obair fhurasta a bh' aca an sin, ach seallaibh air na pìosan bàrdachd àlainn a fhuair sinn...

sònraichte
càirdeil
seòl
sunndach
feamainn

cofhurtail
salach
stiùir
ciùin
duilleag

riaslach
crann
seòladh
cothrom
tràghadh

steimsidh
stad
sguir
seasgair
lìonadh

NACH DUBH A' MHAIR!

Nach dubh a' mhair!
Chuir a' ghaoth na duilleagan
thairis air na tonnan.

Ghoid sinn an cothrom,
cha do dh'iarr sinn a bhith seasgair.
Cha do dh'iarr sinn daoine steimsidh air tìr.

Thog sinn na siùil.
Sheòl sinn.
Bhruidhinn an t-uisge
ris a' ghaoith.

Bi cofhurtaill!
Coisich nas sàmhhaiche!
Sguir a' ghaoth a shèideadh
is stad sinn.

Nach sunndach an solas air a' chidhe.

LE ALISON BELL AGUS JAN 'SEÒNAID' SELLERS

CAMAS NAN COTHROM

An do choisich sibh air camas nan cothrom,
am faca sibh am bàta a' seòladh –
air a' mhuir cho fiadhaich?

Am faca sibh na creagan, cho cruaidh?
An robh sibh ag ionndrainn cuan ciùin,
nuair a bha a' mhuir a' lionadh
agus a' tràghadh –
an do bhruidhinn sibh ris an each-uisge,
anns an fheamainn air an tràigh?

Nach do thog a' ghaoth a falt coltach ri ceud duilleig?
An tug sibh ur casan leibh
no an do choimhead sibh na sùilean aca?

LE SUSANNAH STARK, EILIDH BROWN AGUS MARK DORRELL

'NACH BRÈAGHA AN LATHA!

Bha an latha salach.
Bha a' ghaoth riaslach,
ach bha sinn a' smaoinichadh:
"Rachamaid airson seisean seòlaidh!"

Cha do bhruidhinn sinn idir.
Thog sinn an seòl suas an crann,
abair cothrom sgoinneil
eadar daoine cho càirdeil.

Bha a' ghaoth a' coiseachd chun an ear 's an iar.
Bha an stiùir a' gluasad còmhla ri the,
an duilleag anns a' ghaoth.
Bha sinn a' smaoinichadh:
"Nach brèagha an latha..."

LE HANS 'IAIN' WALTJ AGUS DANIEL HUTCHISON



MAR OIHCHE IS LATHA

Tha dà chat agam, 's e Skye agus Biscuits a th' orra. Tha iad glè eadar-dhealaichte bho chèile ach tha iad dèidheil air a chèile. Bidh iad a' cluiche còmhla, a' laighe còmhla, a' nighe a chèile agus a' coimhead a-mach air an uinneig ri taobh a chèile.

An toiseach tha mi airson innse dhuibh mu Bhiscuits. Bidh e a' cabadaich fad an latha, tha e làn gaoil agus leis an fhirinn innse, tha mi air mo bheò-ghlacadh leis!

An-dràsta 's a-rithist, bidh e na shuidhe air mo cheann air an oidhche, nuair a bhios mi a' cadal. Tha sin nas fheàrr na tha sibh a' smaoinichadh! Dè bhios mi a' dèanamh leis? Uill, cuimhnichibh gum bi mi a' cadal an uair sin! Agus ma bhios mi ga chur a-mach, bidh e ag èigheachd agus ag èigheachd! 'S mar sin, 's fheàrr dhomh a bhith ga fhàgail còmhla rium!

Chan eil Skye coltach ri sin, cha bhi ise a' dèanamh mòran fuaim. Tha mise ag innse dhuibhse, ma bhios i ann am preas no bogsa, cha bhi fios agam idir càite a bheil i! Tha i cho sàmhach ri luch eaglais agus chaidh i air chall iomadh turas! Is toil leatha a bhith fo phlaide no ann am poca-droma air an làr, ach 's fheàrr leatha a bhith ann am bogsa cairt-bhùird. Gu tric 's e cat greannach agus fad' às a th' innte. Tha mi a' smaoinichadh gun fheàrr leatha an duine agam. Bidh mi air mo dhòigh dha-rìribh nuair a bhios i a' suidhe ormsa!

Tha mi glè mheasail air an dithis aca agus chan eil càil nas fheàrr na a bhith ag èisteachd ri cat toilichte agus crònna aige.



Biscuits



Biscuit & Skye



Skye



Deasachadh: Sìleas NicLeòid & Murchadh M. MacLeòid
(Tapadh leat airson a bhith gar cuideachadh le seo, a Mhurchaidh!)